

AINM: CLAS: 

Ìre 4-6 Fileantaich

# Uair no Uaireigin

le Kevin MacNeil

Dràma - Obair buidhne



Leugh an sgeulachd. Obraich ann am buidhnean de thriùir. Coimhead air na faclan/abairtean gu gu h-ìosal. Nochd iad uile san sgeulachd. Tha facal aig gach buidheann ri mhìneachadh. Còmhla, smaoinichibh air ciall cheart an fhacail agus air dà chiall eile nach eil ceart. Dèanaibh cinnteach gu bheil fios agaibh le cinnt dè tha am facal a' ciallachadh. Tha sibh a' dol a dh'innse do chàch dè tha am facal a' ciallachadh. Tha na buidhnean eile a' dol a dh'fheuchainn ri tomhas a dhèanamh air cò aig a bheil a' chiall cheart do gach rud. Tha sibh a' feuchainn ri brath a ghabhail orra gus an tagh iad a' chiall cheàrr. Faodaidh sibh notaichean a chumail ma dh'fheumas sibh. Cumaidh an tidsear rian air gnothaichean agus dh'fhaodadh i/e barrachd eisimpleirean a thoirt dhuibh.

Tha eisimpleir gu h-ìosal:

## Beul nam Breug

- Tidsear:** Ceart ma-thà. Beul nam Breug. Agus am facal: gòmadaich. (sgrìobh am facal air a' bhòrd no air pìos cairt) Siuthad ma-thà, a Raonaid. Dè tha gòmadaich a' ciallachadh?
- Raonaid:** A, seadh, gòmadaich. Facal snog a tha sin. Cò bhios a' gòmadaich no dè bhios a' gòmadaich? Uill, tha sin furasta. Am faca sibh riamh na h-uain anns na h-achaidhean as t-earrach? Chunnaic, tha fhios. Uill, bidh na h-uain bheaga a' leum agus a' gòmadaich anns na h-achaidhean. Gòmadaich – leum nan uan as t-earrach.
- Tidsear:** Seadh, a Chaluum. Dè do bharail fhèin?
- Calum:** Cha chuala mi a leithid de sgudal a-riamh nam bheatha. Gòmadaich. 'S e facal gu math teicnigeach a th' ann, gu h-àraid ma tha thu nad shaor, ag obair le fiodh. Oir 's e sin an rud a bhios tu a' dèanamh nuair a bhios tu a' tomhas dè cho mòr 's a bhios a' cheàrn ann am pìos fiodha a tha thu am beachd a ghearradh. Ma tha thu a' gòmadaich, tha thu a' tomhas cheàrnagan ann am fiodh.
- Tidsear:** A bheil thu ag aontachadh, Karen?
- Karen:** Gu dearbh, chan eil. Gòmadaich. Smaoinichibh air seo. Chan eil thu a' faireachdainn gu math agus tha fhios agad gu bheil thu a' dol a chur a-mach. An do dh'fhairich thu mar sin a-riamh? Tha do bheul a' fosgladh ach cha tig dad às. 'S e gòmadaich a tha sin.
- Tidsear:** Taing dhan a h-uile duine. Nise – leum nan uan, a' tomhas ceàrn fiodha no beul fogsailte deiseil airson cur a-mach. Saoil cò tha ceart...

Bidh deasbad ann an uair sin air cò bha ceart is cò bha ceàrr gus an tagh iad cuideigin. Innsidh a' bhuidheann fhèin an uair sin an do thagh iad a' chiall cheart. Dh'fhaodadh cairt le **fior** no **breug** a bhith aig gach duine airson sealltainn nuair a tha an deasbad seachad agus tha an sgioba eile air taghadh a dhèanamh. Faodaidh liosta nas fhaide na seo a bhith ann le measgachadh de dh'fhaclan. Nochd na faclan seo uile san sgeulachd, nam biodh iad gu feum sa ghèam.

far-ainm

ceann-phollan


earbsa

cugallach

mac-talla

leam-leat

## Cànan



*Bha a h-aodann mar chloc briste*

Tha an sgrìobhadair a' cleachdadh tòrr shamhlaidhean san sgeulachd seo. Seo cuid dhiubh:

**Bha mi cho fuar ris a' phuinnsean.**  
**Cho dubh ri pòcaid bana-bhuidsich.**  
**Cho ciùin ri sgàthan.**  
**Bha a h-aodann mar chloc briste.**  
**Bha mi cho fuar ri cridhe èisg.**  
**Cho aonaranach ri corra-ghrithreach air creag.**  
**Cho dearg ri ubhal.**

Tha e cuideachd a' cleachdadh **mar** an àite **cho** airson samhaidhean a dhèanamh:

**Mar dhà cheann-phollan**  
**Mar fhlùr bith-bhuan**

An aithne dhut feadhainn eile?

Smaoinich orra seo gu h-ìosal. Feuch rin lìonadh leis na faclan àbhaisteach sna h-abairtean ma tha thu eòlach orra, no dèan suas rudeigin a bhiodh freagarrach airson am beàrn a lìonadh.

Cho bodhar ri \_\_\_\_\_

Cho luath ri \_\_\_\_\_

Cho geal ri \_\_\_\_\_

Cho reamhar ri \_\_\_\_\_

Cho teth ri \_\_\_\_\_

Cho caol ri \_\_\_\_\_

### Ceistean

1.	Sheòl Coinneach à Ulapul air 31 An Dùbhlachd.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
2.	Bha Coinneach a' dèanamh PhD ann an Èirinn a Tuath.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
3.	Bha Karen, a leannan bhon sgoil, cho brèagha 's a bha i riamh.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
4.	Bha falt dorcha air Eithne.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
5.	Bha Coinneach air a shlighe dhachaigh bhon dhealaich e fhèin is Eithne.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
6.	Chaidh Coinneach gu taigh a phàrantan ann an Leòdhas.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
7.	Chuir Eithne fòn gu Coinneach à Èirinn.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
8.	Bha dùil aig Eithne ri leanabh.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
9.	Bha Coinneach air a dhòigh gun robh e fhèin agus Eithne còmhla a-rithist.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR

### A' sgrìobhadh mu litreachas

Sgrìobh lèirmheas air an stòiridh ag ainmeachadh na leanas:

- Ainm na sgeòil agus ainm an ùghdair.
- Suidheachadh – carson a tha seo cudromach dhan stòiridh? Dè am feum a tha e a' dèanamh dhan stòiridh gu bheil gnothaichean a' tachairt aig àm na Mìle Bliadhna?
- Smaoinich air cuspairean agus mar a tha an t-ùghdar a' dèiligeadh riutha:
  - Aonranas agus mar a dh'atharraicheas daoine nuair a ghluaiseas iad air falbh bhon àite san deach an togail
  - Gaol – ciamar a tha e follaiseach gu bheil gaol mòr aig Coinneach air Eithne?
  - Smaoinich air an tiotal. A bheil e a' freagradh air an stòiridh? Carson?
  - An teachdaireachd a tha air cùl na sgeòil. A bheil feum aig daoine feitheamh ri àm sònraichte airson gàirdeachas a dhèanamh?
  - Dè cho soirbheachail 's a tha an t-ùghdar ann a bhith a' sealltainn nan rudan seo dhan leughadair? Mìnich do bheachd.

4. Beachdaich air na caractaran a tha a' nochdadh san stòiridh. Dè do bheachd air Coinneach? A bheil truas agad ris? Carson a thachair Coinneach ri caractaran mar Joe is Karen air a shlighe dhachaigh san stòiridh? Dè tha an t-ùghdar a' feuchainn ri shealltainn dhuinn?
5. A bheil thu air sgeulachdan sam bith eile a leughadh a tha a-mach air na h-aon chuspairean? An urrainn dhut coimeas a dhèanamh eatarra? Smaoinich air **An Coigreach** le Iain Mac a' Ghobhainn (aonranas/a' tilleadh dhachaigh) agus **Ri Aghaidh na Creig** le Maoilios Caimbeul (gaol/càirdeas a chaidh ceàrr), mar eisimpleir.

## Labhairt

### Dhan bhucaid leotha!

Tha Coinneach air atharrachadh gu mòr bhon a bha e san sgoil agus chan eil e a' faicinn cus feum sna daoine air an robh e eòlach an uair sin. Tha e airson a' chuid as motha dhiubh a sheachnadh. Dè bhiodh tu fhèin airson a sheachnadh?

Tha thu a' dol a dheasachadh pìos labhairt (mu thrì mionaidean a dh'fhaid) far am bi thu ag innse dè bhiodh tu fhèin airson a shadail dhan bhucaid nam faigheadh tu cothrom trì rudan a dhubhadh às uile gu lèir, agus carson. Chan fheum am pìos a bhith fìor cho fad 's a tha thu a' dèiligeadh ris a' chuspair ann an dòigh inntinneach, tharraingeach agus ma thogras tu, èibhinn.

Smaoinich air na leanas:

- Dè chuireadh tu dhan bhucaid? (tagh trì rudan)  
Faodaidh tu rud sam bith a chur ann – tidsearan, fuil, cogadh, gràmar na Gàidhlig, càl – do roghainn fhèin!
- Carson a tha thu airson cuidhteas fhaighinn dhiubh?
- Ciamar a tha iad a' dèanamh dragh dhut? Thoir seachad eisimpleirean.
- An robh thu riamh dhen aon bheachd?
- Feuch gun tog thu do ghuth mar bu chòir agus gun cùm thu sùil air an luchd-èisteachd.
- Feuch ris am pìos a dhèanamh tlachdmhor dhan luchd-èisteachd – dh'fhaodadh beagan (no mòran) spòrs a bhith na lùib. Dh'fhaodadh tu taisbeanadh a thoirt seachad air a' choimpiutair aig an aon àm no stuth a thoirt a-steach a bheir taic ri do bheachd.
- Cuiridh an clas ceistean ort nuair a bhios tu deiseil.
- Feuch gun dèan an clas measadh air a chèile. Cò a b' fheàrr a chòrd ris a h-uile duine? Carson?

